

1.

Dòchas | Hope

Sgrìobh ✎ - Cuir an earrann seo bhon chuairt-litir **Bilean: Craobhan Barraichte aig na Gàidheil** dhan Ghàidhlig. Tha an earrann seo ri faighinn air an làraich-lìn: www.scotlandsnature.wordpress.com/2023/06/23/bilean-craobhan-barraichte-aig-na-gaidheil/

It may not be surprising in a country like Scotland, in which there is a strong pre-Christian heritage, that some 'holy' trees are associated with water, especially springs and 'holy' wells. Examples of these can be seen or were seen on Isle Maree in Loch Maree (named for Saint Maolrubha of Applecross), at Loch Shiant in the Isle of Skye and at Monzie in Perthshire. Other place names such as 'Well of the Bile' (that word is feminine there, even though it works as a masculine noun in most places), 'Bile-Well of the Mountain' and 'Well of the Bile of the Wishes' attest to the widespread regard our ancestors had for places like that. Even today, 'clootie wells' are known to the populace - places where cloots (clothes) are hung on trees, and people wish for a cure to an illness or that good health will be for them.

Eilean Ma-Ruibhe | Isle Maree

Loch Ma-Ruibhe | Loch Maree

Naomh na Comraich | St. Maolrubha
of Applecross

Magh Eadh | Monzie

2.

Litir do Bhodach na Nollaige | A letter to Santa

Èist  - Seo an tar-sgrìobhadh bhon chlàradh air **Tobar an Dualchais**:

www.tobarandualchais.co.uk/track/676 [0:00 - 6:03].

Coinneach MacIomhair: Tha sinn an t-seachdain sa air iarraidh air ceathrar inbheach an iarrtasan agus am miannan aig deireadh na bliadhna a lìbhrigeadh ann an litir gu Bodach na Nollaig. Diluain chuala sinn Zena Nicoll, an-dè chuala sinn Sarah NicDhòmhnaill, an-diugh 's e Fred MacAmhlaigh a th' againn.

Fred MacAmhlaigh: Chan ann tric a gheibh duine cothrom facal air Bodach na Nollaig, gu h-àraid aig m' aois-sa. Na mo ghille beag ann an Solas an Uibhist, cha leiginn a leas feuchainn, oir 's ann an dubh na h-oidhche a bha e a' tadhal. Chan e a-mhàin sin, ach nam fanadh tu na do dhùisg, ged a thadhladh e, 's dòcha, chan fhàgadh e dad agad, ach 's mathaid caoran mònach, mar a bha Zena Nicoll ag innse dhuinn. Dh'fheumadh tu bhith na do shuain. Agus gu dearbh, cha robh e fialaidh. Cha robh an stocainn agamsa an uair ud ach glè bheag. Tiugh gun teagamh, agus air a deagh fhighhe le clòimh Ghàidhealach nan dubh-cheannach, agus cha ghabhadh i mòran ged a lìonadh tu gu bàrr i. Chan eil cuimhn' a'm riamh i a bhith làn. Ubhal no orainsear, agus bonn sia-sgillinn. 'S e sin a bha clann Sholais a' faighinn mar bu trice.

Ach 's e suim mhòr a bh' ann an sia sgillinn an uair ud, cuimhnich, oir cha robh airgead ri fhaighinn ach aig àm na fèille, dà uair sa bhliadhna, agus cha robh sìon a dh'fhios agamsa nach robh Santa pailt cho gann a dh'airgead ri croitearan Sholais. Chaidh bliadhnaichean mòra seachad mus do thuig mi cho beairteach 's a bha e, agus cho cumhachdach. Gu mì-shealbhach, nuair a ràinig mi an ìre sin, cha robh an stocainn mòran na bu mhotha, agus na rudan a bha mi ag iarraidh, cha toilleadh iad innte. Agus co-dhiù, bha e na dhragh riamh dhomh ciamar a bha an duine còir a' dol a dh'fhaighinn a-nuas an similear ged a dh'fhàgadh e am poca mòr air mullach an taighe. 'S e caoiltear cianail a dh'fheumadh a bhith ann. Ach 's e an dealbh a bh' agamsa air, duine mòr reamhar bronnach agus dubhan air.

Nist, mus tèid sinn nas fhaide, 's dòcha gum bu chòir dhomh ur earalachadh mu gheallaidhean brèige. Tha saoghal na poilitigs gu h-àraid làn dhiubh. Mar a thuirt am bàrd Leòdhasach, cha mhòr:

Càit a bheil a' mhòralachd chiatach b' àbhaist bhith riamh sa chuideachd seo?

Dh'fhalbh i, theich le nàire, 's thàinig na h-àite poilitigs.

Mar sin, cò aige a tha fios an gabh bodach ri m' iarrtasan, ged a bhiodh e mòran na b' onaraiche na na balgairean sin.

Chan eil math dhuinn sealladh a chall air nach eil e ann ach nàdar de white settler co-dhiù, agus nach robh mo sheanair no mo sheanmhair idir eòlach air. Co-dhiù, dh'fhaodadh e

bhith gu bheil rud no dhà air am bi mi fhèin 's e fhèin aontaichte. Shaoilinn air a chuairtean feadh na Gàidhealtachd, can, cho eadar-nàiseanta 's gu bheil e, gum bi e na iongnadh dha mar a tha fearann Alba air a roinn. Chan eil mi am beachd gum faigh e dad coltach ris air a thuras san Roinn Eòrpa, eadar seann chinn-feadhna a fhuair còir nach robh idir dligheach air fearann nan cinneadh an dèidh Chùil Lodair, agus na daoine annasach sin a thogadh sa ghainmhich, agus far an robh sinne le tobar fuarain, 's e bh' acasan tobar ola.

Uill, mas e duine ciallach a th' annad, a bhodaich, tha fios gum misnich thu an cleachdadh ùr, far a bheil muinntir an àite a' ceannach an fhearainn agus a' gabhail còir air dhaibh fhèin, agus ga chur gu barrachd feum 's a bha e bho chionn cheudan bliadhna. Sgìre Asainte na dheagh eisimpleir. Agus a-nist tha àite no trì san Eilean Sgitheanach air thuar gluasad iad fhèin anns a' mhodh seo. 'S e a dhùraiginn-sa, a bhodaich chòir, gun sgaoileadh tu an fheallsanachd seo fad 's farsaing, gus gum bi fearann Alba ann an sealbh nan daoine a tha a' fuireach ann, agus a' togail an teaghlachan ann.

Agus tha sin ga mo thoirt chun an ath cheann, no ma thogras tusa, an dara àite, mar a chanadh iad bho chionn fhada. San dara àite, ma-thà, agus tha fhios a'm nach fhaic thu seo neònach, a bhodaich, 's tu a' siubhal an t-saoghail, an dèidh sluagh na dùthcha còir fhaighinn air an fhearann, nach biodh e ceart gum faigheadh iad còir air an cànan fhèin anns na sgoiltean? A rèir mar a tha mise a' cluinntinn an-dràsta, 's e brochan dha-rìribh a thathar a' dèanamh dhen obair sin, agus 's ann a' searg a tha a' chànan mar thoradh air. Mura bi sinn faiceallach, cha bhi eadhon an amadan agus an t-òinseach air fhàgail.

Nist, a bhodaich, chan eil nì an seo nach gabh leasachadh, agus tha cothrom agadsa nach eil aig càch. Innsidh mise dhut, ma-thà. Dèan thusa mar a bha Cailleach an Deacoin ag iarraidh a dhèanamh air a' Khremlin aig aon àm - duih mhòr a leagail orra san dol seachad. Ach chan ann mar a thugadh e às a' chlosach i. 'S e duih làn gliocas agus carthannas a bhithinn-sa ag iarraidh. Agus a bhodaich chòir, ma tha thu cho dìochuimhneach riumsa, chuirinn na bòidean ort gun mearachd a dhèanamh.

Agus bhon a tha duiseachan an-diugh a chòrr agus a' dol a dholaidh, bheir leat tè eile agus leag i air Comann Telebhisean na Gàidhlig. Anns an duih sin, chan e a-mhàin gun tigeadh gliocas agus carthannas, ach bhiodh batailian dhaoine far na tuath innte a dh'innse dhaibh mun an liuthad roinn dhen achadh nach eil iad a' treabhadh. Far nach bi todhar cha bhi toradh, ged a dh'fhaodar daoine a mhealladh le figrichean bliadhna no dhà fhathast.

Agus dè dhomh fhèin, an tuirt thu? Uill, nan cuireadh tu iad siud fhèin gu buil, tha mi a' smaointeachadh gum bithinn glè riaraichte, agus nach iarrainn an còrr ort am-bliadhna. Agus cha ghabhainn tuilleadh white settler ort. Siuthad, a bhodaich, dèan mìorbhailt.

Coinneach MacIomhair: Ò uill, chan eil Fred ag iarraidh mòran idir air Bodach na Nollaig ann an siud, a bheil? Fred MacAmhlaigh agus litir gu Bodach na Nollaig. Agus bidh an tè bho dheireadh dhe na litrichean gu Santa againn a-màireach.

3. Ann am Bosnia | In Bosnia

Leugh 📖 - Seo an còrr den sgeulachd ghoirid air a bheil **Ann am Bosnia** le **Iain Mac a' Ghobhainn**. Tha na sgeulachdan goirid air fad aige rim faighinn san leabhar seo: www.gaelicbooks.org/rannsaich-an-bh%C3%B9th/neo-fhicsean/acadaimigeach/na-sgeulachdan-gaidhlig

Chunnaic e a-rithist an geansaidh dearg 's am peile buidhe. Bha iad dìreach mar rudan a chitheadh tu ann an dealbh.

"Carson a chuir iad a-mach thu?" dh'èigh e na inntinn ris a' bhalach. "Cha robh gnothach aca do chur a-mach agus fhios aca gun robh mis' an seo is gun robh mi nam aonar mar a bhios mi a chaidh tuilleadh."

Bha gach nì a' tachairt cho slaodach mar gum biodh an saoghal air stad. Bha fhios aige nam marbhadh e am balach gum biodh e air atharrachadh mòr a dhèanamh. Cha deigheadh e air ais a chaidh gu bhith na pheantair thaighean mar a bha e uair.

Ach aig a' cheart àm bha e a' faireachdainn cho droch-nàdarrach. Bha an saoghal, mar gum biodh, dearg air a bheulaibh, cho dearg ris a' gheansaidh a bha am balach a' caitheamh.

Bha tìm a' leantainn 's a' leudachadh. A-nis bha e a' dol a bhruthadh an trigeir. Cha leigeadh e leas ach suathadh ann. Bha am balach air am peile a chur sìos. "Tha mi a' dol ga mharbhadh," ars esan ris fhèin. "Anns a' mhionaid seo." Agus thug e sùil air uaireadair. Bha e beagan an dèidh aon uair deug. Agus anns a' mhionaid thionndaidh am balach ris 's e a' fosgladh a ghàirdeanan. 'S dè bh' air ach aodann a mhic fhèin.

Is e a' caitheamh na h-anaraig uaine a chleachd a bhith air. 'S e a mhac fhèin a bh' ann, a' tionndadh ris 's bha fhios aige nam marbhadh e am balach seo gu marbhadh e a mhac fhèin a-rithist. Bha sin cho soilleir dha.

Bha fallas a' sruthadh sìos aodann fhèin 's air cùl amhaich. Bha an gunna air chrith na làmhan. 'S drochaid Sarajevo fodha. Agus a mhac fhèin a' coiseachd air 's a' coimhead ris. 'S am peile bùirn na shuidhe ri thaobh.

"Mo mhac, mo mhac," dh'èigh e. Ach cha robh duine a-nis ri fhaicinn. Bha an drochaid falamh. Bha a chorp gu lèir a' sruthadh le fallas, 's bha deòir na shùilean. Thàinig isean is shuidh e anns a' chraoibh anns an robh e. Isean beag donn. Agus cnàimh na bheul. Agus chuala e plèana a' dol seachad os a chionn.

Bha an t-isean a' gluasad an siud 's an seo, cho an-fhoiseil. Ach bha an t-earrach ann. Bhiodh iad a' togail neadan.

Thàinig e sìos às a' chraoibh. Fodha air an talamh chunnaic e sneadhain nan deann ruith an siud 's an seo. O, nach iad a bha luath.

A' ruith an siud 's an seo. Cha robh e airson seasamh orra.

Thionndaidh e air falbh bhon chraoibh. Bha e a' dol a leigeil seachad dreuchd snaidhpeir. Bha e a' faireachdainn an droch nàdair ga fhàgail. Bha e a' faireachdainn falamh. Na inntinn bha

e a' coimhead a mhic a' fosgladh a ghàirdeanan. Shad e air falbh an gunna 's thòisich e ri coiseachd. Cha mharbhadh e duine tuilleadh. Ge bith dè dhèanadh iad air, cha mharbhadh e duine tuilleadh.

'S bha e a' faireachdainn cho aotrom, cho aotrom ri na duilleagan uaine, cho aotrom ris an eun a bha na shuidhe air gèig. Cho aotrom ris a' ghaoith. Cho aotrom ris an earrach. Mar gum biodh e a' dol a thòiseachadh às ùr. Às aonais a' ghunna. A' dol a thòiseachadh às ùr latha earraich. Ann am Bosnia.

Sgrìobh  - Freagair na ceistean seo mun sgeulachd.

1. Carson a bhiodh droch nàdar a' lìonadh an snaidhpeir fad na tìde?

2. Carson nach biodh am balach, leis a' gheansaidh dhearg air, na chrùban às dèidh dha tilleadh bhon tobair?

3. Dè chuir stad air an snaidhpear am balach a mharbhadh?

4. Dè chuir e roimhe nuair a dh'fhàg e a' chraobh?

4.

Sgrìobhadh | Writing

Sgrìobh  - Nuair a tha thu air an sgeulachd **Ann am Bosnia** a leughadh turas no dhà, sgrìobh **lèirmheas** oirre, a' togail air na puingeann a leanas:

- **Caractaran** - Cò ris a tha an snaidhpear coltach agus carson? Dè cho cumhachdach 's a tha am balach anns an sgeulachd?
- **Suidheachadh** - Càit a bheil an sgeulachd stèidhichte is ciamar a tha Mac a' Ghobhainn a' dèanamh dealbh den t-suidheachadh? Ciamar a tha an suidheachadh eadar-dhealaichte a-nis bho mar a bha e?
- **Cuspairean** - Dè na prìomh chuspairean air a bheil Mac a' Ghobhainn a' togail agus ciamar a tha e gan làimhseachadh?
- **Stoidhle** - A bheil Mac a' Ghobhainn a' cleachdadh stoidhle no cruth sònraichte airson an sgeulachd a chur an cèill?
- **Teachdaireachd** - Dè an teachdaireachd a tha Mac a' Ghobhainn a' feuchainn ri cur an cèill san sgeulachd? A bheil leasan ann dhuinn?

1 - Dòchas | Hope

Tha diofar dhòighean ann earrann mar seo a sgrìobhadh sa Ghàidhlig, ach seo mar a thàinig i bhon chuairt-litir - **Bilean: Craobhan Barraichte aig na Gàidheil** a tha ri fhaighinn air an làraich-lìn: www.scotlandsnature.wordpress.com/2023/06/23/bilean-craobhan-barraichte-aig-na-gaidheil/

Math dh'fhaodte nach eil e na iongnadh ann an dùthaich mar Alba, anns a bheil dualchas ro-Chrìosdail làidir, gu bheil cuid de chraobhan 'naomh' co-cheangailte ri uisge, gu sònraichte fuarain agus tobraichean 'naomha'. Chithear no chunnacas eisimpleirean dhiubh air Eilean Ma-Ruibhe ann an Loch Ma-Ruibhe (ainmichte airson Naomh na Comraich), aig an Loch Sheunta anns an Eilean Sgitheanach agus aig Magh Eadh ann an Siorrachd Pheairt. Tha ainmean-àite eile mar Tobar na Bile (tha am facal boireanta an sin, ged a tha e ag obair mar ainmear fireanta anns a' chuid mhòir de dh'àiteachan), Tobar Bhile na Beinne agus Tobar Bhile nam Miann a' dearbhadh mar a bha spèis mhòr aig ar sinnsearan air àiteachan mar sin. Eadhon an-diugh, tha 'tobraichean clùdaidh' gu math aithnichte don mhòr-shluagh – àiteachan far am bithear a' crochadh chlùdan (chlobhdan) air craobhan, agus daoine an dòchas gum biodh tinneas air a leigheas no gum biodh slàinte mhath romhpa.

3 - Ann am Bosnia | In Bosnia

1. Chaidh a theaghlach fhèin a mharbhadh. Chan eil dad air fhàgail dha agus tha e a-nis ann an dreuchd far nach eil e toilichte. Tha e aonranach agus tha a bheatha air atharrachadh gu mòr. Cha tèid e air ais a bhith na pheantar a chaoidh agus cha tig a theaghlach air ais.
2. Bha am peile aige làn bùirn agus cha b' urrainn dha crùbadh le peile làn.
3. Chunnaic e ìomhaigh dhe a mhac fhèin. 'S e seòrsa de bhruadar a bh' ann agus chunnaic an snaidhpear am balach a' tionndadh le aodann a mhic fhèin air. Chuir an ìomhaigh seo no am bruadar seo stad air a bhith ga mharbhadh.
4. Bha e a' dol a leigeil seachad dreuchd snaidhpeir. Bha e a' dol a dh'fhàgail an airm agus cha bhiodh e a' sabaid a chaoidh. Cha mharbhadh e duine tuilleadh.

4 - Sgrìobhadh | Writing

Na freagairtean pearsanta aig an luchd-ionnsachaidh an seo.